



ALBA | CHRUTHACHAIL

Alba Chruthachail Plana Bliadhnail 2022/23



A' TOIRT SEACHAD MAOIN BHO
AWARDING FUNDS FROM
THE NATIONAL LOTTERY®

**SCREEN SCOTLAND
SGRÌN ALBA**



ALBA | CHRUTHACHAIL

© Alba Chruthachail 2022

Chan fhaodar pàirt sam bith den fhoillseachadh seo a mhac-samhlachadh ann an cruth sam bith às aonais cead sgrìobhte ro-làimh Alba Chruthachail.

Co-ionannachd Chothroman

Tha Alba Chruthachail a' cur poileasaidh

co-ionannachd chothroman an gnìomh. Tha slighe inntrigidh ciorramachd aig na h-oifisean againn. Faodar foillseachaidhean sònraichte fhaotainn sa Ghàidhlig, Albais, clò mòr, Braille no cruth clastinn.

Tha am plana seo air a thoirt gu buil ann an cruth eileagtronaigeach le Alba Chruthachail – feuch gum beachdaich sibh air an àrainneachd agus na clò-bhuailibh e mura fheum sibh.

Tha ur beachdan air ais cudromach dhuinn. Leigibh fios thugainn air ur beachd mun fhoillseachadh seo air post-d gu feedback@albachruthachail.com

Contents

2

Ro-ràdh

4

Cò sinn

5

Frèam Ro-innleachdail

6

Prìomhachasan

10

Leasachadh Bhuidhnean agus Maoineachaidh

14

Geàrr-chunntas air cosgaisean 2022/23

15

Sgrùdadh ar Dèanadais

16

Frèam Stiùireadh Dèanadais

Ro-ràdh

Tha sinn fhathast a' tighinn beò an lùib linn de dh'atharrachadh luath gun ro-shampaill, a bhuaileas air beatha làitheil gach neach.

Ged a dh'fhiosraich Alba faochadh ann an riaghailtean glasaidd ceum air cheum agus prògram làidir banachdaich tha gach coltas ann gum faicear buaidh COVID-19 airson ùine mòir fhathast. Tha buaidh fhathast air mòran bhuidhnean cultarach is cruthachail le bacaidhean air an obair mar thoradh air a' ghalar. Tha seo a bharrachd air uallach àrdachadh chosgaisean connaidh is obrach, buaidh èiginn na gnàth-shìde agus tachartasan eadar-nàiseanta.

Ann an 2021/22, bha Alba Chruthachail dòchasach gum faodadh i cuimseachadh air taic do shlànachadh agus ùrachadh anns na h-ealain, sgrìn, agus na gnìomhachasan cruthachail. Thàinig oirnn ge-tà prìomhachas a thoirt do libhrigeadh £54m a bharrachd ann am maoinachadh èiginneach bho Riaghaltas na h-Alba gus cuideachadh le na roinnean cruthachail dèiligeadh ri buaidh leantainneach COVID-19 agus na casgan slàinte phoblach na chois.

Tha ar cuid rannsachadh a' sealltainn gu bheil an sluagh fhathast faiceallach nan dol-a-mach agus nach eil uiread de dh'iarrrtas bho luchd-amhairc agus a bha ann ron ghalar. Le mar a tha eagal ro ghnèithean ùra den ghalar agus cosgaisean àrda bith-beò, tha uallach air na roinnean cruthachail ri amannan mì-chinnteach cugallach, agus feumar taic, planadh agus neart thairis air na roinnean seo air fad.

Tha barrachd dhaoine a-nis a' tòiseachadh tilleadh do dh'ionadan ealain is cultair. Tha fianais ann gur dòcha gu bheil daoine nas buailteach a dhol gu tachartasan cultarach ann am mìosan an earraich agus an t-samhraidh agus thathas a' nochdadh gur feàrr leotha tachartas a ghabhas àite a-muigh. Is dòcha gum buail àm na bliadhna air iarrrtas bhon t-sluagh nas fhaide air adhart am-bliadhna. Tha àrdachadh ann an cosgaisean bith-beò a' toirt

buaidh a-nis air cho deònach is tha daoine airgead a chaitheamh air ealain agus cultar, agus ged a dh'èirich com-pàirteachas digiteach tron ghalar, chan eil ach an còigeamh cuid de mhuintir na h-Alba leagte pàigheadh airson taisbeanaidhean no gnothaichean cultarach a nochdas air-loidhne.

Thug COVID-19 buaidh mhòr am measg luchd-obrach cultarach is cruthachail cuideachd. Dh'fhàg mòran luchd-obrach an roinn rè a' ghalar, an dà chuid luchd-obrach cruthachail is luchd-taic. Dh'atharraich càch an obair, mar eisimpleir proifeiseantaich taighean-cluiche ann an dreuchdan riochdachaidh agus teicnigeach, a chaidh don roinn sgrìn bheothail, rud a tha a' fàgail uireasbhaidhean sgìlean fhad 's a tha na buidhnean a tòiseachadh air an obair as ùr.

Nuair a sheòlas sinn tron mhì-chinnt seo, tha sinn mothachail air cho deatamach agus a tha dùbhlain èiginn na gnàth-shìde agus na h-ìrean mì-chiatach de neo-ionannachd agus leth-bhreith a mhaireas nar dùthaich.

Tha dleastanas bunaiteach air na roinnean againn coinneachadh ris na dùbhlain sin. Tha cumhachd aig ealain agus cruthachalachd fios a chur ri beachdan, gnìomh a bhrosnachadh agus cur an aghaidh agus aig a' cheann thall dol-a-mach atharrachadh. Ri linn a' ghalar, dh'aithnich a' mhòr-chuid de dhaoine luach cruthachalachd a' mhòr-chuid den ùine, agus chithear barrachd aithne air mar a bheir nì com-pàirteachadh ann an cultar feum air cor coimhearsnachd is daoine fa leth.

A dh'aindeoin nan dùbhlain sin, tha adhbhairean ann a bhith dòchasach. Mhair roinn riochdachaidh don sgrìn làidir tron ghalar, agus i a' sìor chur barrachd ris an eaconomaidh againn. Foillsichidh sinn ar ciad Aithisg Luach Eaconamach Sgrìn na h-Alba. a' coimhead ann an doimhneachd ri buaidh eaconamach roinn an sgrìn air feadh Alba ann an 2019, mus tòisich an obair air an aithisg seo ùrachadh ma choinneamh a buaidh ann an 2021.

Thathas a' cur fàilte air a' chothrom ceanglaichean eadar-nàiseanta a stèidheachadh as ùr. Ann an 2022/23 bidh seo a' gabhail a-steach Alba + Venice, a' taisbeanadh obair ùr bhon aon neach-ealain Albannach-Barbadianach Alberta Whittle aig Biennale Ealain Venice 2022, a' dol bhon Ghiblean gu ruige an t-Samhain. Tha Alba + Venice cuideachd a' nochdadh cho cudromach agus a tha obair com-pàirteachais, leis gu bheil taic a' tighinn bho chom-pàirtichean bunaiteach, nam measg, Riaghaltas na h-Alba, Comhairle Bhreatainn, Gailearaidhean Nàiseanta na h-Alba, V&A Dun Dè, Ailtearachd is Dealbhadh na h-Alba agus Alba Chruthachail.

Leanaidh sinn oirnn nar n-obair fàs a thoirt air daoine a bhith an lùib nan ealain agus cruthachalachd agus cuidichidh sinn gus barrachd iomadachd, co-ionannachd agus seasmhachd a thoirt don roinn airson na linn a tha ri teachd. Tha sinn a' coimhead air adhart ri prògram làn de thachartasan is fèisean tron bhliadhna, agus sinn a' tuigsinn gu bheil mòran bhuidhnean a' cleachdadh na ionnsaich iad a thaobh taisbeanadh digiteach meudaichte rè casgan COVID, a' gabhail a-steach ionnsachadh bhon iomairt Dhigiteach Chruthachail. Bidh cothroman cuideachd ann buaidh obair nan roinnean cruthachail aithneachadh, nam measg prògraman de thachartasan gus 20 bliadhna den Iomairt Ciùil Òigridh a chomharrachadh.

Bho thòisich an galar, thug sinn seachad 18,000 tabhartas Maoin Èiginneach COVID, £151m uile gu lèir. Mar a dh'fheumar, thug seo maoin air falbh bho na bhiodh sinn a' sùileachadh a thoirt seachad

aig àm àbhaisteach. Ach tha sinn deimhinn às nach till sinn gu gnothaichean a bhith mar a bha iad.. Leanaidh oidhirpean a rinneadh gus buaidh a' ghalair a lùghdachadh, leithid Culture Collective, agus dèiligidh obair eile ri ùrachadh sgilean, leasachadh lìonraidhean agus cur an aghaidh bacaidhean air faighinn a-staigh gu obair anns na roinnean cruthachail. Foillsichidh sinn ar Planaichean gus ar n-obair a thaobh Seasmhachd agus Obair Choithromach a stiùireadh, a thuilleadh air Builean Co-ionannachd ùraichte.

Ann an 2022/23 bithear a' cuimseachadh air an Frèam Ro-innleachdail a choileanadh agus pròiseasan ùraichte a stèidheachadh airson ar n-ionmhas a sgaoileadh. Tha obair gus Frèam Ionmhas na Linn ri Teachd a dhealbhadh 's a libhrigeadh a' dol air adhart fhathast agus foillsichidh sinn naidheachdan adhartais thairis air na mìosan ri tighinn gus am bi fiosrachadh ceart mu thachartasan aig a h-uile buidheann le ùidh anns an gnothach.

Iain Rothach

Àrd-oifigear

Cò sinn

'S e Alba Chruthachail, Sgrìn Alba na lùib, a' bhuidheann phoblach a tha a' toirt taic dha na gnìomhachasan ealain, sgrìne agus cruthachail air feadh gach pàirt de dh'Alba. 'S e sinne Buidheann Phoblach Neo-roinneil, fo thaic Riaghaltas na h-Alba agus Ministearan na h-Alba agus gheibh sinn air n-ionmhas bhon dà chuid Riaghaltas na h-Alba agus an Crannchur Nàiseanta.

Tha ar raon-dleistanais air a mhineachadh ann an Earrainn 4 de Achd Ath-leasachaidh Seirbhisean Poblach (Alba) 2010 a tha a' mìneachadh dleastanasan farsaing Alba Chruthachail mar:

1. A' comharrachadh, a' cumail taic ri agus ag adhartachadh sàr-mhathas agus feabhas ann an ealain agus cultar bhon fheadhainn a tha ri obair ealain is obair chruthachail eile.
2. Ag adhartachadh tuigse, meas agus tlachd anns na h-ealain agus ann an cultar.
3. A' brosnachadh sluagh cho mòr agus a ghabhas ruigsinn air, airson pàirt a ghabhail anns na h-ealain agus ann an cultar.
4. Toirt gu buil, cho fad agus a ghabhas a dhèanamh gu pragtaigeach, luach agus sochairean (gu h-àraidh luach is sochairean nàiseanta agus eadar-nàiseanta) aig na h-ealain agus cultar.
5. A' misneachadh agus a' cuideachadh obair ealain agus obair chruthachail eile a chuireas ri tuigse mu chultar nàiseanta na h-Alba anns a' bhrìgh fharsaing mar dhòigh beatha.
6. Ag adhartachadh agus a' cuideachadh gnìomhachasan agus gnìomhan coimearsalta eile, far a bheil prìomhachas air cleachdadh sgilean cruthachail.

Cuiridh sinne taic ris na gnìomhachasan ealain, sgrìn agus cruthachail mar bhuidheann leasachaidh, luchd-tabhairt ionmhais, neach-tagraidh agus mar bhuidheann poblach a tha a' feuchainn ri buaidh a thoirt air càch gus cothrom a leudachadh agus a' bhuaidh a bheir ar goireasan a mheudachadh.

Bidh sinn ag obair còmhla ri Riaghaltas, Ùghdarrasan Ionadail agus na roinnean poblach, prìobhaideach agus saor-thoileach anns an fharsaingeachd gus an taic seo a thoirt seachad.

'S e a tha annainn cuideachd sgioba de luchd-obrach a tha dealasach mu na h-ealain, sgrìn agus cruthachalachd, a' cur ar n-eòlas agus fiosrachadh farsaing, a thuilleadh air ionmhas gu feum, gus taic a chur ri leasachadh cruthachail air feadh Alba.

Frèam Ro-innleachdail

Ann an 2021 stèidhich sinn Frèam Ro-innleachdail as ùr gus ar n-obair a stiùireadh. Tha am Frèam a-rèir ar raon-obrach foirmeil agus ar dleastanasan fon lagh, a' cur an cèill ar n-amasan nas fharsainghe a bharrachd air ar prìomhachasan airson leighis agus ùrachadh nan ealan, sgrin agus gnìomhachasan cruthachail air feadh Alba san àm ri teachd.

Na tha sinn airson faicinn:

- Taic do dhaoine agus buidhnean a tha ag obair ann an ealain agus cruthachalachd gus obair a dhèanamh de mhathas agus miann adhartais a chuireas ri beatha ann an Alba do na h-uile.
- Gum bi tuilleadh dhaoine bho air feadh ar coimhearsnachdan a' dol an lùib agus a' cur luach ann am farsaingeachd gnothaichean ealain cruthachail.
- Gun aithnich daoine aig baile agus thall thairis ealain agus cruthachalachd mar phàirt bhunaiteach de ar dùthaich.

Nì sinn seo le:

- Dèanamh cinnteach gun dèan an t-ionmhas a sgaoileas sinn bho Riaghaltas na h-Alba agus an Crannchur Nàiseanta a' bhuannachd phoblach as motha a ghabhas air feadh Alba.
- A' tagradh as leth nan ealan agus cruthachalachd, ag adhartachadh poileasaidh agus a' cur ris an fhàs aca.
- A' cleachdadh ar sgilean, aithne agus eòlas gus leasachadh cruthachail adhartachadh.

Cuiridh sinn prìomhachas air:

- Co-ionannachdan, lomadachd agus Ion-ghabhalachd: A' toirt taic do iomadachd de dhaoine, coimhearsnachdan agus gnìomhachd cruthachail, ag adhartachadh co-ionannachd chothroman airson cruthachadh, com-pàirteachadh agus dol an sàs.
- Leasachadh Seasmhach: A' cuideachadh leis an strì ri èiginn na gnàth-shìde agus a' cumail taic ri fàs gnìomhachasan cruthachail seasmhach air feadh Alba.
- Obair Chothromach: A' coiteachadh airson pàigheadh, cumhaichean agus cothroman cosnaidh reusanta air feadh na roinne cruthachail.
- Eadar-nàiseanta: A' dealbhachadh dòighean ùr-ghnàthach agus seasmhach gus co-obrachadh eadar-nàiseanta a neartachadh agus iomlaid ealain agus cultarach adhartachadh.

Geallaidh sinne a bhith ri:

- Meudachadh iomadachd a thaobh cò a gheibh agus a nì buannachd às ar cuid taic.
- Dèanamh cinnteach gun cuir ar taic ri pàigheadh, cumhaichean agus cothroman cosnaidh reusanta.
- A' lùghdachadh buaidh ar n-obair agus an fheadhainn don toir sinn taic air an àrainneachd.
- A' freagairt air co-theagasgan ionadail, ag adhartachadh leasachadh ealain agus seasmhachd gnìomhachais air feadh Alba.
- A' togail air ar taic a tha ann mar-thà do cho-obrachadh eadar-nàiseanta agus iomlaid ealain.

Prìomhachasan

Co-ionannachdan, Iomadachd agus Ion-ghabhalachd:

A' toirt taic do iomadachd de dhaoine, coimhearsnachdan agus gnìomhachd cruthachail, ag adhartachadh co-ionannachd chothroman airson cruthachadh, com-pàirteachadh agus dol an sàs.

Tha sinn ag iarraidh gum bi cothroman aig daoine bho air feadh ar coimhearsnachdan gu bhith an lùib farsaingeachd gnothaichean ealain cruthachail agus obrachadh ann an gnìomhachasan ealain, sgrìn agus cruthachail.

A' coimhead air adhart, ma tha beatha cultarach na h-Alba, agus na h-ealain agus an roinn chruthachail fhèin, gu bhith maireann, air an ùrachadh, nas beartaiche agus nas beòthail, feumaidh muinntir na h-Alba uile a bhith ga riochdachadh. Ged a rinneadh na h-uibhir de dh'adhartas, feumar aideachadh nach leòr e dìreach uireasbhaidhean nan aimsir o chian a cheartachadh, agus gun fheum luach is taic a chuir ri muinntir nan iomail san dòigh cheudna.

Fuirichidh Co-ionannachdan, Iomadachd agus Ion-ghabhalachd (EDI) aig cridhe na nì sinn fhìn agus an fheadhainn a tha sinn a' maoineachadh ann an 2022/23 agus nas fhaide air adhart.

Prìomh Obair Leasachaidh ann an 2022/23

Na nì sinn:

- Buil Co-ionannachd airson 2022 gu 2025 fhoillseachadh
- Sùil a chumail air mar a tha a' dol do Phlanaichean Gnìomh EDI le Buidhnean a tha gam Maoineachadh gu Cunbhalach
- Obair ar Buidhne Co-ionannachdan, Iomadachd agus Ion-ghabhalachd a chuideachadh
- Sgeama phileat Inbhean Iomadachd BFI (Gnìomhachas Film Bhreatainn) Sgrìn Alba a ruith agus a mheasadh

- An dàrna cuairt den phrògram Cùram Radaigeach a ruith
- Prògram nàiseanta gnìomhan Ealain agus Slàinte Inntinn còmhla ri Urras Baring
- An treas cuairt de Mhaoin Create:Inclusion a choileanadh
- An Iomairt Ciùil Òigridh a thoirt seachad le gnothaichean a chomharraicheas 20 bliadhna dhith.

Ag obair còmhla ri ar com-pàirtichean, nì sinn:

- Com-pàirteachas Albannach ann an sgeama Unlimited air feadh Bhreatainn a dhèanamh comasach
- Taic a chur ri obair Sgrìn Roinneil Alba, Film Hub Alba agus Ruigsinneachd Film Alba gus luchd-amhairc nas iomadaiche a tharraing
- Lab nan Sgrìobhadair a libhrigeadh: prògram bùth-obrach agus meantoraidd do sgrìobhadairean Sgrìn boireann nas sine na 40
- Taic a chur ri buidhnean coimhearsnachd gus barrachd leasachadh, ionmhas agus taisbeanadh a bhith aig pròiseactan ion-ghabhalach Hip Hop agus Grime
- Pròiseact dà bhliadhna a thòiseachadh a bheir tuilleadh fòcas agus goireasan gu EDI ann an raon ciùil clasaigeach na h-Alba
- Comas a thoirt do leasachadh nan ealan Gàidhlig gus cleachdadh na cànan a dhèanamh àbhaisteach anns na h-ealain, sgrìn agus na gnìomhachasan cruthachail
- Tuilleadh dreuchdan Obraiche Iomadachd airson Atharrachaidh air feadh Alba a stèidheachadh
- Leasaich agus cuidich le mar a thig na h-ealain agus cultar còmhla ris an roinn cùraim a-rèir ar dleistanais laghail mar Phàrant Corporra ainmichte.

Leasachadh Seasmhach

A' cuideachadh leis an strì ri èiginn na gnàth-shìde agus a' cumail taic ri fàs gnìomhachasan cruthachail seasmhach air feadh Alba.

Ann an 2019 ghairm Riaghaltas na h-Alba staing èiginneach na gnàth-shìde agus thugadh reachdas a-steach le amasan nàiseanta eimiseanan a thoirt a nuas gu net neoini ann an 2045 aig a' char as fhaide. Bheir an cuspair bunaiteach eadar-nàiseanta seo buaidh mhòr air ciamar a bhios an sluagh ri gnìomhan ealain agus cruthachail.

Faodaidh àite air leth a bhith aig na h-ealain agus cruthachalachd agus sinn a' gluasad gu saoghal nas seasmhaich, agus cumaidh sinne a' dol a' tagradh as leth dreuchd nas fharsainghe agus sinn a' cumail taic ri na h-ealain, sgrìn agus na gnìomhachasan cruthachail gus an atharraich iad agus gus an gabh iad ri dòighean gnìomhachais is àrainneachd seasmhach. Tha e mar amas aig Alba eaconamaidh de dheagh chor a chruthachadh, agus nithear seo a-mhàin ma mheasar luach culturach, sòisealta agus eaconamach co-ionnann nar n-amas coitcheann airson leasachaidh sheasmhaich.

Bidh seo duilich, ged a dh'fheumar e, agus tha e nar rùn an dà chuid buaidh ar n-obrach air an àrainneachd a lùghdachadh agus taic a chur ri seasmhachd gnìomhachasan cruthachail air feadh Alba. Cha bhi seasmhachd eaconamach ann às aonais seasmhachd àrainneachdail.

Prìomh Obair Leasachaidh ann an 2022/23

Na nì sinn:

- Ar Plana Èiginn na Gnàth-Shìde agus Seasmhachd fhoillseachadh, a' mìneachadh na nì sinne gus an ruig na gnìomhachasan ealain, sgrìn agus cruthachail amasan net neoini
- Sgioba de thriùir eòlaichean a chur ri chèile a bhios os cionn am Plana a thoirt gu buil
- Riaghailtean agus sgrùdadh seasmhachd a neartachadh a bharrachd thairis air na tabhartasan againn uile
- An dàrna cuairt den phrògram Create:Networks a thoirt seachad
- Leasachadh proifeiseanta agus buidhne cuimsichte a thabhann do luchd-foillseachaidh Sgrìn
- 26 pròiseactan Culture Collective a thoirt seachad còmhla ri prìomh bhuidhnean agus an dàrna cuairt den phrògram a thòiseachadh

- Sgrùdadh buaidh eaconomaich mu dheidhinn roinn an sgrìn ann an Alba fhoillseachadh
- Cuairt eile den Phrògram Crowdfunding Creativity a ruith
- Tòiseachadh air Earrainn 2 den obair taic do RFOs (Buidhnean a tha gam Maoineachadh gu Cunbhalach) gus cothroman leasachadh gnìomhachais agus taic bho bhuidhnean iomairt fhaighinn.

Ag obair còmhla ri ar com-pàirtichean, nì sinn:

- Sgeama tabhartais beag Awards for All do bhuidhnean saor-thoileach agus coimhearsnachd a lìbhrigeadh
- Cuideachadh le Dannsairean gu bhith ri rannsachadh, leasachadh agus taisbeanadh tachartasan anns na coimhearsnachdan aca
- Leigeil le Creative Carbon Scotland cuideachadh leis na roinnean cultarach agus cruthachail planadh agus gnothaichean a ruith a rèir amasan àrainneachdail
- Taic a chur ri leasachadh bathair-bhog Centrline gus cuideachadh le sgaoileadh fiosrachadh mu stòradh agus ath-chuairteachadh ann an roinnean nan ealan taisbeanadh
- Obdachadh còmhla ri Scottish Futures Trust a thaobh chuspairean cultarach a chur san Ìre Toglaichean Poblach Net Neoini
- Taic a chur ri obair Gnìomhachais Chruthachail ann an Aontaidhean Fàs na h-Alba, nam measg Aontaidhean Fàs Bailtean Tatha, nan Eilean, nan Crìochan agus Moireibh
- Obdachadh còmhla ri Creative Carbon Scotland gus plana imeachd ceart a chur ri chèile do na togalaichean cultarach a tha nam pàirt den Sgeama Phileat Toglaichean Cultarach Net Neoini
- Taic a chur ri nòsan gnìomhachais a chruthachadh ann an roinn nan Ealan Lèirsinneach, nam measg tro lìonra Bùithtean Obrach na h-Alba agus Àitichean gan Ruith le Luchd-ealain ann an Alba
- Iomairtean cuimsichte sgìlean sgrìn a chuideachadh, nam measg Prògram Trèanaidh Outlander
- Taic a chur ri Seachdain nan Ionad Neo-eisimeileach, comharrachadh bliadhnail nan ionad ciùil coimhearsnachd.

Obair Chothromach

A' coiteachadh airson pàigheadh, cumhaichean agus cothroman cosnaidh cothromach air feadh na roinne cruthachail.

Dh'adhbhraich buaidh COVID-19 bochdainn obann do mhòran agus nochd i an eas-ionnannachd a tha anns na gnìomhachasan ealain, sgrìn agus cruthachail. Tha seo a' gabhail a-steach earrainn nach beag de dhaoine a tha ag obair air an ceann fhèin, far an coinnichear tric cuspairean tuarastail ìosail agus cumhaichean fastaidh mì-chinnteach.

Mar a shlànaicheas an roinn, mas e is gum mair cothroman agus ionmhas gan cuingealachadh, tha cunnart follaiseach ann gum fàs cor obrach is cumhaichean mòran nas miosa buileach mur aithnichear is leasaichear an eas-ionnannachd seo.

Tha Alba Chruthachail ag iarraidh cuideachadh gus an togar ùrachadh na roinne aig prionnsabail Obrach Cothromaich. Le seo, tha sinn a' ciallachadh gun dèan sinn ar pàirt gus cuideachadh cumhaichean a chruthachadh airson cothroman nas brìghmhoir agus nas seasmaich airson obair tarsaing air an roinn agus adhartas a dhèanamh innte. Tha seo a' gabhail a-steach dèanamh cinnteach gu bheil gach neach no buidheann a tha sinn a' maoinachadh ri cor-obrach agus cumhaichean a tha gu follaiseach cothromach, agus sinn a' tagradh gus an cleachdar na prionnsabail sin anns gach suidheachadh.

Prìomh Obair Leasachaidh ann an 2022/23

Na nì sinn:

- Sgrùdadh clàradh Obrach Cothromaiche agus Leasachadh Luchd-obrach fhoillseachadh
- Riaghailtean Obrach Cothromaich a neartachadh air feadh ar prògraman maoinachaidh uile
- Ar Stiùireadh Ìrean Pàighidh ùrachadh do na roinnean dom bheil sinn a' toirt taic
- Lùil deagh-cleachdaidh fhoillseachadh do IP (Sealbh Innleachdail) còraichean ann an ceòl a bharrachd air digiteach agus sruthachadh, a bharrachd air riochdan eadar-dhealaichte den Illustrated Guide to Creative Freelancers

- Pròiseact a thòiseachadh gus comas ceannais a leasachadh ann an obair ealain iomadach agus stèidhichte sa choimhearsnachd, a' coimhead air dìth comharraichte de ghoireas is cothroman
- A' cheathramh cuairt de Our Voices a thoirt seachad, beachdan làimh-sgrìobhainn proifeasanta bho riochdairean litreachais do sgrìobhadairean ùra à choimhearsnachdan le dìth riochdachaidh
- Lìonraidhean taic co-inbhich airson a dhol an lùib dannsa air feadh Alba, a' togail air taic a thugadh seachad mar-thà do Lionradh Dancing Scotland agus Diversifying your Networks.

Ag obair còmhla ri ar com-pàirtichean, nì sinn:

- Cuiridh sinn ris an ath-sgrùdadh de Dheagh Obair anns na Gnìomhachasan Cruthachail, fo stiùir Ionad Poileasaidh is Fianais NESTA
- Sgrùdadh gnìomh a dhèanamh còmhla ri BECTU Vision agus Timewise a' coimhead air obair shùbailte ann an gnìomhachas an Sgrìn
- Obair còmhla ri com-pàirtichean ionadail gus Duaisean Luchd-ealain Lèirsinneach agus Luchd-làimh-cheàrd a libhrigeadh
- Taic a chumail ri luchd-obrach ann an roinn nan Ealan Traidiseanta, a' gabhail a-steach na maoin tiomnaichte Tasgadh
- Taic a chumail ri sgeama TRC Producing the Producers'
- Cuideachadh le Engage Scotland tabhartasan airgid siubhail a thoirt do phroifeiseantaich cruthachail ann an roinn nan ealan lèirsinneach gus taic a chur ri rannsachadh agus cruthachadh
- Taic a chur ri prògram trèanadh Cunntasachd Riochdachaidh RESET air a ruith le Sgoil Nàiseanta Film agus Telebhisean na h-Alba
- Cuideachadh le prògram de thrèanadh Sgrìn, a' gabhail a-steach PACT / Indie Diversity Scheme agus radScotland 2022.

Eadar-nàiseanta

A' dealbhachadh dòighean ùr-ghnàthach agus seasmhach gus co-obrachadh eadar-nàiseanta a neartachadh agus iomlaid ealain agus cultarach adhartachadh.

Tha eachdraidh fhada, iomraiteach aig Alba airson iomlaid ealain agus co-oibreachadh cruthachail le dùthchannan air feadh an t-saoghail. A bharrachd air a bhith taisbeanadh ar cruthachalachd agus cultaran, bidh sinn gach bliadhna a' cur fàilte air càch agus a' faicinn àireamh mhòr de luchd-tadhail is luchd-ealain agus feadhainn cruthachail do dh'Alba.

Mairidh daingneachadh iomlaid agus co-obrachadh eadar-nàiseanta mar prìomhachas dha Alba Chruthachail. Agus sinn a' cur taic ri na h-ealainean, sgrìn agus na gnìomhachasan cruthachail slànachadh agus ùrachadh ma choinneamh

an àm ri teachd, tha e follaiseach cho cudromach is a tha iad gus iomadachd àrdachadh, leasachadh cruthachail agus feuchainn rudan ùra adhartachadh, coimhearsnachdan a neartachadh, cur ri turasachd agus a' ceangal Alba ris an t-saoghal.

Tha e follaiseach ge-tà gu bheil buaidh COVID-19 agus am feum riatanach gnothach a ghabhail ri èiginn na gnàth-shìde a' ciallachadh gun fheum atharrachadh a bhith ann. Sin as coireach gu bheil sinn a' gealltainn togail air ar taic airson co-obrachadh eadar-nàiseanta agus atharrachadh ealain leis an aithne gum feumar obrachadh còmhla ri com-pàirtichean gus dòighean ùr-nòsach agus seasmhach gus an leithid a dhèanamh' an rèir.

Prìomh Obair Leasachaidh ann an 2021/22

Na nì sinn:

- Am prògram riochdaire eadar-nàiseanta Momentum 2022 a thoirt seachad aig fèisean Lùnastail Dhùn Èideann
- Taic siubhail a thoirt do luchd-ealain Albannach gus an tèid iad gu tachartasan taisbeanadh ciùil eadar-nàiseanta
- Go See Share Fund a thoirt seachad a' leigeil le Gnìomhachasan cruthachail Albannach obrachadh còmhla ri feadhainn eile agus gus an cuid eòlais a sgaoileadh

- Maoin Fàs Riochdachaidh Sgrìn Alba a thoirt seachad agus Maoin Margaidh agus Luchd-tadhail Fèise
- Leantainn oirnn riochdachadh eadar-nàiseanta sgrìn a tharraing tron Choimisean Sgrìn aig Sgrìn Alba
- Taic a chur ri sgilean a sgaoileadh agus seiseanan 'wildcard' a chuimsicheas air ionnsachadh bho ghniomhachasan cruthachail a tha ag obair ann am margaidean eadar-nàiseanta.

Ag obair còmhla ri ar com-pàirtichean, nì sinn:

- Leanaidh sinn oirnn le Com-pàirteachas Brand Scotland Partnership, a tha a' cruthachadh agus toirt seachad iomairt eadar-nàiseanta 'Scotland is Now'
- Pròiseactan a thoirt seachad còmhla ri Comhairle Bhreatainn Alba mar phàirt den Com-pàirteachas Ro-innleachdail trì bliadhna againn
- Scotland + Venice aig Biennale Venice 2022 de dh'ealain an là an-diugh a libhrigeadh mar cho-bhanntachd de bhuidhnean
- Obrachadh còmhla ri dùthchannan na RA gus iomairtean agus prògraman ionmhais còmhla ullachadh nam measg Arts Info Point, 4 Nations, Cultural Bridge agus Magnetic
- Taic a chur ri riochdairean Dannsa Albannach aig Tanzmesse, sa Ghearmailt
- Taic a chur ri Showcase Scotland Expo de cheòl dualchasach, seann-nòs, Bheurla Ghallda, agus Gàidhlig
- Cumail a' dol le ar com-pàirteachas le Foillseachadh Alba gus taic a chur ri eadar-theangachadh de litreachas Albannach airson foillseachadh gu h-eadar-nàiseanta
- Taic a chur ri cothroman eadar-nàiseanta do chluicheadairean agus riochdairean Albannach aig Classical Next, Womex, Jazzahead, Great Escape agus South by Southwest
- Taic a chur ri frithealadh tachartasan coinneachaidh is leasachadh proifeiseanta de dhealbhan-cluiche eadar-nàiseanta, nam measg IETM agus ISPA
- Taic a chur ri cothroman gnìomhachais agus leasachadh tàlaint aig Còmhhdail Eadar-nàiseanta Riochdairean Saidheans agus Fìrinneach 2022 ann an Glaschu.

Leasachadh Bhuidhnean agus Maoineachaidh

Maoineachadh Èiginneach Riaghaltas na h-Alba

Ann an 2021/22, thug Alba Chruthachail, a' gabhail a-steach Sgrìn Alba, còrr is 6,200 tabhartas airgid seachad de uile gu lèir £54m ann an COVID-19 tro mhaoineachadh cruais èiginnich do luchd-ealain is feadhainn a tha ag obair air an ceann fhèin a bharrachd air farsaingeachd phrògraman is taic do bhuidhnean. Nam measg bha a' Mhaoin Slànachaidh do Bhuidhnean Cultarach, ag aithneachadh nan dùbhlain leantainneach a tha mu choinneamh buidhnean cultarach, cuideachadh leotha an obair do dhaoine is buidhnean a chur air bun-stèidh seasmhach agus a mheudachadh, agus cuimseachadh air pròiseas slànachaidh agus ùrachaidh.

Ged nach eil sinn a' sùileachadh gun tig feum maoin èigeannach a stiùireadh ann an 2022/23, tha fhathast dùbhlain ann agus bidh oidhirpean eile a dhìth gus seasmhachd nan roinn cruthachail a neartachadh agus buaidh a' ghalair a lùghdachadh.

Maoineachadh do Bhuidhnean

B' e ar prìomhachas ann an 2021/22 toirt seachad pasgan de mhaoin èiginneach cunbhalach cho luath is a ghabhas. Mar thoradh air an sin, thàinig oirnn ar n-obair air Frèam Ionmhas na Linn ri Teachd a stad agus sùil eile a thoirt air clàran-ama airson fiosrachadh mun mhaoin seo fhoillseachadh, a-rèir comas ar luchd-obrach agus ar goireasan.

Cumaidh sinn oirnn le planaichean airson Frèam Ionmhas na Linn ri Teachd a chur an sàs tron t-samhradh 2022 agus dùil a bhith comasach air an nòs ùr a thoirt a-steach. Bheir an clàr-ama ùraichte seo an comas dhuinn a bhith tuigse buil Ath-sgrùdadh Caitheamh Airgid iomadh bliadhna Riaghaltas na h-Alba, rud a bheir earbsa planaidh ionmhais dhuinn airson na dhà no thri bliadhnaichean a tha air thoiseach oirnn.

Sa Ghearran 2022, dh'ainmich sinn gum faigheadh na buidhnean a tha an-dràsta a' faighinn Maoineachadh Cunbhalach an taic fhathast (a-rèir am biodh ionmhas gu leòr ann) co-dhiù gu deireadh Mairt 2024, gus cuideachadh leis an atharrachadh seo. Nì sinn cinnteach nach toir seo droch bhuidhnean san àm ri teachd air buidhnean aig a bheil ùidh ann am maoineachadh thairis air barrachd air aon bhliadhna agus gum bi cothrom aca fhathast air ionmhas.

Foillsichidh sinn naidheachdan cunbhalach mun adhartas a thathas a' dèanamh rè nam mìosan a tha ri teachd gus am bi làn fhiosrachadh aig na buidhnean a tha an sàs. Cuiridh sinn cuideachd coinneamhan fiosrachaidh air dòigh mu na cleachdaidhean ùra san t-Samhradh. Cumaidh sinn a' dol ag obair air a' Mhaoine Fhosgailte do Bhuidhnean agus bheir sinn mìneachadh a bharrachd mun Mhaoin sin mar phàirt de na naidheachdan sin.

Maoin Fhosgailte do Dhaoine fa Leth

Mar fhreagairt air beachdan bho luchd-tagraidh, ghluais Maoin Fhosgailte do Dhaoine fa Leth aig Alba Chruthachail gu pròiseas tagraidh nas sìmplidh air-loidhne san Lùnastal 2021. 'S e prìomh adhbhar na Maoin taic a thoirt do ghnìomhachd chruthachail bho luchd-ealain fa-leth, riochdairean agus pròifeiseantaich chruthachail eile ann an Alba agus bheir i taic do dh'ùine de rannsachadh, leasachadh agus/no libhrigeadh gnìomhachd chruthachail airson suas ri 24 mìosan. Tha am pròiseas tagraidh air a chur air dòigh agus ìre a rèir meud a' mhaoineachaidh a thathar ag iarraidh, le dòigh-obrach nas soilleire airson gabhail ri tagraidhean ann an cruthan eile dhaibhsan aig a bheil feumalachdan ruigsinneachd.

Atharrachadh Digiteach

Ghluais linn a' ghalair COVID-19 ar n-obair leasachadh buidhne agus sinn a' gluasad ar luchd-obrach gu obair bhon taigh agus ghluais sinn toirt seachad ar seirbhisean air-loidhne.

Am-bliadhna, leanaidh sinn air ar prògram de dh'atharrachadh digiteach gus piseach a thoirt air an dòigh maoinreachaidh againn agus gus ar dàimhean a chumail ri na roinnean dom bheil sinn a' toirt taic. Cumaidh sinn oirnn a' gluasad gu uidheaman tagraidh agus sgrùdaidh ionmhais air-loidhne, le siostam ùraichte CRM air a chùlaibh. Am measg seo bidh Ibhriogaidh Frèam Ionmhas na Linn ri Teachd agus ionmhas Sgrìn Alba a ghluasad gu siostaman digiteach. Tòisichidh sinn cuideachd air obair gus rud ùr a chur an àite ar leabhair-fhiach.

Tagradh

Ann an 2021, a' co-obrachadh còmhla ri buidhnean bho air feadh nan roinnean cultarach is cruthachail ann an Alba, agus le taic Riaghaltas na h-Alba, thòisich sinn Our Creative Voice, iomairt ùr ag amas air àrdachadh an luach a bheir ealain agus cruthachalachd dar beatha uile.

Le làrach-lìn air leth aig a chridhe, 's e Our Creative Voice àrd-ùrlar ùr gu bhith sealltainn nam buannachdan brìghmhor a bheir ealain agus cruthachalachd dar beatha.

Tha an làrach-lìn a' sealltainn grunn eisimpleirean a nochdas buaidh dol an sàs anns na h-ealain agus cruthachalachd, le dearbhadh bho fhiosrachadh agus rannsachadh tarraingeach. Tha Our Creative Voice cuideachadh a' toirt uidheaman do chàch gus an dèan iad argamaid airson ealain agus cruthachalachd agus an rùn gus an iomairt seo fàs agus leudachadh thairis air na mìosan agus bliadhnaichean a tha ri teachd.

Leanaidh Alba Chruthachail le Com-pàirteachas Brand Scotland, a tha a' cruthachadh agus toirt seachad iomairt eadar-nàiseanta 'Scotland is Now' a sheallas a' chuid as fheàrr de dh'Alba agus a tha ag amas air daoine a bhrosnachadh gus Alba a thaghadh mar àite son fuireach, foghlam obair is turas. 'S e a tha ann an Alba Chruthachail com-pàirtiche ionmhais agus ro-innleachd san iomairt seo fo stiùir Riaghaltas na h-Alba, an cuideachd ri buidhnean poblach eile.

A' Ghàidhlig

Ann an 2022/23, às dèidh pròiseas co-chomhairleachaidh, foillsichidh sinn deasachadh ùr de ar Plana Gàidhlig do 2022-27. Mar phàirt den treas deasachadh seo de ar Plana Gàidhlig, leanaidh sinn oirnn tuilleadh obrach cruthachail ann an Gàidhlig a bhrosnachadh agus a leasachadh ann an diofar chruthan ealain. Còmhla ri seo, bithear cuideachd a' cuimseachadh air leasachadh nan Ealan Gàidhlig aig ìre nàiseanta agus coimhearsnachd, ag obair còmhla ri com-pàirtichean cruthachail agus luchd-ùidh, fo stiùir ar n-Oifigeir Ealain Ghàidhlig a chaidh fhasadh bho chionn ghoirid.

Sgrìn Alba

Ann an 2022/23 bidh Sgrìn Alba a' cuimseachadh air leasachadh sgilean, foghlam sgrìn, iomairtean eadar-nàiseanta agus leasachadh luchd-dèanamh film a tha stèidhichte ann an Alba agus film à Alba. Mar phàirt de dh'Alba Chruthachail, coileanar obair Sgrìn Alba Chruthachail le obair chothromach, seasmhachd, agus co-ionannachd, iomadachd agus ion-ghabhalachd air am fighe a-steach na h-obair is amasan.

Leasachadh Sgilean

Ùraichear stiùireadh airson Maoin Fàs Riochdachaidh gus riochdachaidhean ion-thasgadh a bhrosnachadh mar thaic do dh'fhàs tasgadh sgioba agus bun-structar na h-Alba, le dùil gum bi gach obair a gheibh taic bho Sgrìn Alba a' dol an sàs ann an conaltradh le sgoiltean far a bheil e iomchaidh agus a' nochdadh dòigh-obrach for-ghnìomhach a thaobh seasmhachd àrainneachd. Bidh seo a bharrachd air na builean eaconamach a dh'fhanas mar bhun-riaghailtean na Maoine.

Cumaidh Sgrìn Alba oirre ag obair còmhla ri Comhairle Bhaile Ghlaschu gus dèanamh cinnteach gun adhbhraich cosg airgid Riaghaltas na h-Alba ann an Talla Kelvin, cothroman leasachaidh tàlant ion-ghabhalaich, gnìomhachais agus sgilean do luchd-sgrìn a tha stèidhichte ann an Alba. Obraichidh Sgrìn Alba còmhla ri Comhairle nan Eilean Siar gus an goireas stiùidio a tha ann an Steòrnabhagh fhosgladh as ùr, agus còmhla ri Riaghaltas na h-Alba, riaghaltas ionadail agus an roinn phrìobhaideach gus cothroman stiùidio a bharrachd thoirt gu buil air feadh Alba.

Foghlam Sgrìn

Obraichidh Sgrìn Alba còmhla ri a com-pàirtichean, agus le Riaghaltas na h-Alba, a dh'ionnsaigh teisteanas “ealain chruthachail” a thoirt a-steach airson sgrìn taobh a-staigh foghlam Albannach agus gus clàr-ionnsachaidh foghlam sgrìn a leasachadh, a ghabhas libhrigeadh bho thràth-bhliadhnaichean gu foghlam àrd-ìre agus nas fhaide. Bheir sinn taic do bhith a' toirt a-steach teisteanas sgrìn ann an trèanadh luchd-teagaisg aig ìre fo-cheum is for-cheum.

Obraichidh sinn còmhla ri buidhnean foghlaim adhartach agus àrd-ìre agus com-pàirtichean foghlaim agus teisteanais gus sruth tàlant gnìomhachasan sgrìn a leasachadh, nam measg trèanadh-ciùird agus duaisean leasachaidh proifeiseanta. Brosnaichidh sinn conaltradh eadar buidhnean ruigsinneachd sgrìn agus foghlam sgrìn gus cur ri foghlam sgrìn anns gach suidheachadh.

Gus ar feallsanachd de bhith gu tur ion-ghabhalach a nochdadh, 's e a bhios ann am Maoin Com-pàirteachais Foghlaim Film, a' Mhàoin Foghlaim Sgrìn. Cuiridh a' Mhàoin ùr seo taic de bharrachd farsaingeachd phròiseactan far an nochd iad luach foghlam sgrìn mar earrainn de phlana cunbhalach a ruigeas air Alba gu lèir.

Leasachadh Tàlaint

Air dhuinn ar n-Aonta Tuigse còmhla ris a' BhBC ùrachadh aig toiseach 2022 airson trì bliadhna eile, obraichidh Sgrìn Alba còmhla ri Seanail 4 gus a' chiad MOU (Aonta Tuigse) aontachadh leis an t-Seanail. Ag obair còmhla ri Craoladairean Seirbheis Poblach na RA, leanaidh Sgrìn Alba le a bhith ag ullachadh agus a' libhrigeadh iomairtean leasachaidh tàlaint, gnìomhachais agus roinneil a' gabhail a-steach FormatLab, Seòmar nan Sgrìobhadair, iomairt iomadachd RAD TRC Media agus Factual Fast Track.

Iomairtean Eadar-nàiseanta

Ann an 2022/23 obraichidh sinn le airgead a bharrachd bho Riaghaltas na h-Alba gus cuideachadh le conaltradh fad na bliadhna eadar gnìomhachas film agus telebhisean Albannach agus eadar-nàiseanta. Cumaidh sinn oirnn le taic do luchd-dèanamh film agus prògraman agus companaidhean riochdachaidh a tha stèidhichte ann an Alba gus conaltradh a thogail agus a leasachadh le margaidean, ionmhas agus com-pàirtichean eadar-nàiseanta. Obraichidh sinn le oifisean Riaghaltas na h-Alba anns gach ceàrnaidh den t-saoghal gus dèanamh cinnteach gum faigh filmichean, agus luchd-dèanamh filmichean a tha stèidhichte ann an Alba aithne air feadh an t-saoghail. Cuiridh Sgrìn Alba fàilte air Còmhhdhail Eadar-nàiseanta Rìochdairean Saidheans agus Firinneach ann an Glaschu nas fhaide ann an 2022.

Leasachadh Gnìomhachais agus Margaid

Bithear a' tabhann taic gnìomhachais do chompanaidhean riochdachaidh Albannach tro phrògram maoinichte de cho-chomhairlean, seiseanan trèanaidh agus ceanglaichean gnìomhachais. Bidh seo a bharrachd air taic gnìomhachais tro mhaoineachadh Maoin Susbaint Craolaidh agus iomairtean nas cuimsichte, leithid taic do TRC Media agus Indielab, buidhnean-riochdachaidh aig tachartasan gnìomhachais eadar-nàiseanta leithid Realscreen, agus iomairtean com-pàirtiche leasachadh luchd-craolaidh.

A bharrachd air a bhith a' cuideachadh riochdairean agus companaidhean gus am feumalachdan gnìomhachais a chomharrachadh agus fiosrachadh, ullaichidh sinn cuideachd sreath de sheiseanan taic is fiosrachaidh le eòlaichean gnìomhachais gus riochdairean Albannach ullachadh airson a dhol an sàs ann am margaidean eadar-nàiseanta, a' togail an cuid eòlais ann an raointean ionmhais eadar-nàiseanta, reic agus sgaoileadh. Tillidh pròiseact Screen Fringe, a bha ann an sgeama pileat ann an 2019, san Lùnastal 2022, a' ceangal tàlant cruthachail bho fhèisean Lùnastail Dhùn Èideann ri riochdairean Albannach, ceannardan à Lunnainn, feadhainn a bhios ri leasachadh eadar-nàiseanta agus prìomh dhaoine eile sa gnìomhachas.

Leasachadh Luchd-amhairc

Thèid Maoin Fèis Film ainmeachadh as ùr mar Mhaoin Fhèisean is Taisbeanaidhean Film, gus leigeil le iarrtasan bho bhuidhnean a bhios ri taisbeanaidhean aig tachartasan a bharrachd air fèisean film, agus bidh seo mar sgeama phileat air Inbhean Iomadachd BFI do Alba mar riaghailt Maoin.

Leasachadh Ro-innleachdail

Foillsichidh sinn ar ciad Aithisg Luach Eaconamach Sgrìn Alba ann an 2022, a' coimhead ann an doimhneachd ri buaidh eaconamach roinn an sgrìn air feadh Alba ann an 2019, mar bhun-tomhais don roinn ro ChOVID. Aig an aon àm ri foillseachadh Aithisg 2019, tòisichidh obair air sgrùdadh air luach eaconomach buaidh sgrìn aig eaconomaidh na h-Alba ann an 2021.

Bheir Sgrìn Alba cunntas seachad air adhartas a rinneadh gus na KPIs a bha ann a choileanadh agus am Plana Gnìomhachais a tha aice ùrachadh, a' toirt seachad plana ùr ro-innleachdail airson leasachadh roinn sgrìn na Alba anns na bliadhnaichean a tha ri teachd.

Geàrr-chunntas air cosgaisean 2022/23

Seallaidh na clàran a leanas cosgaisean Alba Chruthachail (CS) airson na bliadhna ionmhais 2022/23, maoinichte le taic-airgid bho Riaghaltas na h-Alba agus Maoin Sgaoilidh Alba Chruthachail a' Chrannchuir Nàiseanta (CS NLDF).

Chan eil an cunntas seo a' nochdadh ionmhas taic èiginneach COVID-19 a bharrachd as dòcha a thig ann an 2022/23.

Teachd a-steach

	CS (£)	CS NLDF (£)	IOMLAN (£)
Tabhartas-mar-Chobhair	£63,037,000	-	£63,037,000
Ionmhas bhon Chrannchur Nàiseanta	-	£31,500,000	£31,500,000
Teachd a-steach pròiseict	£1,032,548	£300,000	£1,332,548
Teachd a-steach eile	£287,288	£300,000	£587,288
Teachd a-steach gu lèir	£64,356,836	£32,100,000	£96,456,836

Caiteachas

	CS (£)	CS NLDF (£)	IOMLAN (£)
Maoineachadh Cunbhalach	£33,900,000	-	£33,900,000
Maoin fhosgailte	£375,000	£16,300,000	£16,675,000
Na h-Ealain agus Conaltradh	£13,267,452	£2,566,850	£15,834,302
Sgrin Alba	£7,950,000	£10,450,000	£18,400,000
Gnìomhachasan Cruthachail	£200,000	£1,562,000	£1,762,000
Ro-innleachd	£1,730,000	£2,969,382	£4,699,382
Eile	(£49,267)	£299,147	£249,880
Caiteachas-calpa gu lèir	£57,373,185	£34,147,379	£91,520,564

Cosgaisean obrachaidh

	CS (£)	CS NLDF (£)	IOMLAN (£)
HR	£99,000	£66,000	£165,000
Seirbhisean Oifis	£59,700	£39,800	£99,500
Ionmhas agus Maoineachadh	£628,000	£420,750	£1,048,750
Atharrachadh Digiteach agus ICT	£486,960	£324,640	£811,600
Conaltradh	£170,800	£307,200	£478,000
Aithne agus Rannsachadh	£424,000	£50,000	£474,000
Tuarastail	£4,678,200	£3,118,800	£7,797,000
Cosgaisean a' Mheadhain	£213,300	£287,200	£500,500
Rùm Oifis Waverley Gates 2	£223,691	-	£223,691
Cosgaisean obrachaidh gu lèir	£6,983,651	£4,614,390	£11,598,041
COSGAISEAN IOMLAN	£64,356,836	£38,761,769	£103,118,605
EASBHaidh/(Còrr)	£0	£6,661,769	£6,661,769

Sgrùdadh ar Dèanadais

Tha cuairt bhliadhnail planaidh agus aithris Alba Cruthachail gar cuideachadh a bhith a' sior-fhàs nas fheàrr agus ag aithris gu follaiseach. Bidh sinn ag aithris ar dèanadais a-rèir ar Frèam Ro-innleachdail tron Aithris Dèanadais Bhliadhnail. Anns a' chiad leth de 2022/23 cuiridh sinn fiosrachadh dèanadais airson 2021/22 gus cuideachadh le foillseachadh na h-Aithris Dèanadais Bliadhnail san Dùbhlachd 2022.

Tha aithris mun dèanadas againn a' leigeil leinn soirbheachadh no gnothaichean aithneachadh, agus amasan airson an àm a tha romhainn tro bhruidhinn le ar Bòrd agus le Riaghaltas na h-Alba.

Mar phàirt den obair seo, bidh sinn a' sgrùdadh farsaingeachd de cheumannan a tha gar cuideachadh gus ar n-obair fhèin a thuigsinn còmhla ri cor nan ealain, sgrìn agus nan gnìomhachas cruthachail ann an Alba. Cumaidh sinn oirnn am bliadhna a' sgrùdadh na nì sinn a-rèir nam 26 KPI a leanas agus fiosrachadh eachdraidheil a nochdadh far a bheil e iomchaidh gus an aithnich sinn atharrachadh an taca ri na bliadhnaichean a chaidh seachad. An lùib seo bithear ag aithneachadh, mar a shlànaicheas an roinn, nach eil e coltach gum faicear fàs ann an gabhail pàirt no àireamh luchd-amhairc an taca ri na chunnacas sna bliadhnaichean a chaidh seachad do mhòran anns na h-ealainean, sgrìn agus gnìomhachasan cruthachail.

Ann an 2022/23 leanaidh sinn oirnn ag obair gus na ceumannan sin ùrachadh a-rèir ar Frèama Ro-innleachdail ùir, am measg seo ullaichear Frèama Measaidh agus Luachaidh agus Prìomh Thomhaisean Dèanadais (KPIs) ùraichte gus an cuirear an cèill agus dearbhar nas fheàrr buil na h-obrach a mhaoinicheas sinn. Tòisichidh sinn ri aithris a-rèir am frèama ùraichte seo sa bhliadhna ionmhais 2023/24.

Frèam Stiùireadh Dèanadais

Slat-tomhais trì-bliadhna	KPI	Slat-tomhais	Tùs
Cùm farsaingeachd nam buidhnean a bhios a' faigheann maoineachadh cunbhalach bho Alba Chruthachail	1.	Àireamh nam buidhnean a tha a' faighinn Maoineachadh Cunbhalach bho Alba Chruthachail agus luach a' mhaoineachaidh sin a rèir seòrsa buidhne, prìomh obair, prìomh seòrsa ealain agus far a bheil iad stèidhichte	Dàta air obair mhaoineachaidh Alba Chruthachail
Cuir ri farsaingeachd na h-obrach cruthachail is ealanach aig daoine fa leth agus aig buidhnean a bhios a' faigheann Maoineachadh Cuimsichte no Maoineachadh Pròiseact Fosgailte bho Alba Chruthachail	2.	Farsaingeachd is seòrsa obrach le buidhnean is daoine fa leth a tha a' faighinn Maoineachadh Cuimsichte no Maoineachadh Pròiseact Fosgailte a rèir seòrsa buidhne, prìomh obair, prìomh seòrsa ealain agus far a bheil iad stèidhichte	Dàta gnìomhan maoineachaidh Alba Chruthachail
Cuir ri àireamh nan tachartasan a gheibh taic tro mhaoineachadh bho Alba Chruthachail	3.	Àireamh nan tachartasan-cluiche, taisbeanaidhean, sgrinidhean agus foillseachaidhean a thèid a thoirt seachad tro mhaoineachadh bho Alba Chruthachail	Fios bliadhnail air ais do dh'Alba Chruthachail agus foirmen measaidh deireadh pròiseict
Cuir ri àrd ìrean de cheanglaichean cultarail inbheach a chumail thar farsaingeachd de dh'Alba tron obair mhaoinichte againn	4.	An % de dh'inbhich a tha a' dol an sàs ann an ealain agus cultar thar na h-Alba a rèir seòrsa gnìomh cultarail agus dè cho tric 's a thathar a' dol an sàs leis	Suirbhidh nan Dachaidhean Albannach (SHS) Aithisg Bhlidhnail
Cuir ri àrdachadh ceanglaichean chloinne ri cultar thar farsaingeachd de dh'Alba tron obair mhaoinichte againn:	5.	An % de chloinn a tha a' dol an sàs ann an ealain agus cultar thar na h-Alba a rèir seòrsa gnìomh cultarail agus dè cho tric 's a thathar a' dol an sàs leis	Suirbhidh nan Dachaidhean Albannach (SHS) Aithisg Bhlidhnail
Àrdachadh ann an àireamh de chothroman didseatach tro mhaoineachadh Alba Chruthachail	6.	Àireamh agus luach gnìomhan maoinichte Alba Chruthachail aig a bheil fòcas air taisbeanadh, sgaoileadh didseatach	Gnìomhan maoineachaidh Alba Chruthachail air a bhriseadh a rèir còd-puist, seòrsa ealain agus sgìrean bochdainn
Àrdachadh anns an àireamh de chuaritean agus sgaoileadh ealain ann an Alba	7.	Àireamh agus luach gnìomhan maoinichte Alba Chruthachail aig a bheil fòcas air sgaoileadh, cuairtean agus fèisean	Gnìomhan maoineachaidh Alba Chruthachail air a bhriseadh a rèir còd-puist, seòrsa ealain agus sgìrean bochdainn

Slat-tomhais tri-bliadhna	KPI	Slat-tomhais	Tùs
Sgaoileadh nas fharsainghe de mhaoineachadh Alba Chruthachail a rèir cruinn-eòlais	8.	An àireamh agus luach de dhuaisean maoineachaidh Alba Chruthachail a' gabhail a-steach a bhith a' cur taic ri bun-structar ùr no bun-structar nas fheàrr	Dàta gnìomhan maoineachaidh Alba Chruthachail
Àrdachadh anns an t-sùim de mhaoineachadh com-pàirteachais a thàinig an cois maoineachadh Alba Chruthachail air feadh Alba	9.	Luach maoineachadh com-pàirteachais a chaidh fhaighinn tro mhaoineachadh Alba Chruthachail thar na h-Alba, air a mhineachadh a rèir sgìrean Ùghdarras Ionadail	Dàta gnìomhan maoineachaidh Alba Chruthachail
Àrdachadh ann am mthachadh an t-sluaigh air cruthachalachd aig ìre nàiseanta agus ionadail	10.	% de dhiofar eadar aonta gu bheil 'Alba na dùthaich chruthachail' agus aonta gu bheil 'an sgìre agamsa na àite cruthachail'	Suirbhidh cruinnichte Alba Chruthachail
Àrdachadh ann am mothachadh an t-sluaigh air cruthachalachd aig ìre nàiseanta agus ionadail	11.	% ag aontachadh gun cailleadh daoine anns an sgìre ionadail agam rudeigin nan cailleadh sgìre a gnìomhan ealain agus cultarail	Suirbhidh cruinnichte Alba Chruthachail
Cùm farsaingeachd nam buidhnean a tha a' gabhail ceannasachd anns an raon/ no sgìre aca fhèin	12.	An àireamh de bhuidhnean a tha a' faighinn Maoineachadh Cunbhalach Alba Chruthachail agus a tha a' toirt ceannasachd ann an raon no sgìre aca fhèin	Dàta gnìomhan maoineachaidh Alba Chruthachail a' gabhail a-steach aontaidhean maoineachaidh
Àrdachadh ann an cothroman leasachadh proifeiseanta tro mhaoineachadh Alba Chruthachail	13.	An àireamh agus an luach aig cothroman trèanadh ceannasachd, leasachadh proifeiseanta, greisean obrach, preantasachd no inntearnasan a tha a' faighinn taic le maoineachadh Alba Chruthachail	Dàta gnìomhan maoineachaidh, fiosrachadh bliadhnaile agus sgrùdadh deireadh pròiseact aig Alba Chruthachail
Àrdachadh ann an cothroman cosnadh òigridh ann am buidhnean maoinichte le Alba Chruthachail	14.	Àireamh dhaoine òga a tha ag obair ann am buidhnean a tha a' faighinn maoineachadh bho Alba Chruthachail tro iomairtean cosnadh òigridh	Dàta gnìomhan maoineachaidh, fiosrachadh bliadhnaile agus sgrùdadh deireadh pròiseact aig Alba Chruthachail
Raon nas fharsainghe de shlighean teachd-a-steach thar na roinne a chur an sàs	15.	An àireamh, luach agus seòrsa slighe teachd a-steach aig Buidhnean Maoinichte Cunbhalach, a' gabhail a-steach na chaidh a chosnadh agus tabhartasan saor-thoileach	Dàta gnìomhan agus fiosrachadh bliadhnaile Alba Chruthachail
Àrdachadh ann an càileachd agus farsaingeachd dol an sàs ri cothroman eadar-nàiseanta tro mhaoineachadh Alba Chruthachail	16.	An àireamh agus an luach aig duaisean maoineachaidh Alba Chruthachail le fòcas air iomlaidean eadar-nàiseanta agus leasachadh cruthachail	Dàta gnìomhan maoineachaidh Alba Chruthachail

Slat-tomhais tri-bliadhna	KPI	Slat-tomhais	Tùs
Àrdachadh ann an cuairtean eadar-nàiseanta air feadh Alba tro mhaoineachadh Alba Chruthachail	17.	An àireamh, luach agus an sgaoileadh a rèir cruinn-eòlas de dhaoine fa leth agus buidhnean a tha a' faighinn maoineachadh bho Alba Chruthachail gus obair eadar-nàiseanta a thaisbeanadh ann an Alba	Dàta gnìomhan maoineachaidh Alba Chruthachail, a' gabhail a-steach fiosrachadh bliadhnail
Àrdachadh ann an % bheachdan dheimhinneach eadar-nàiseanta air cultar na h-Alba	18.	% de bheachdan dheimhinneach mu bharrann dùthaich na h-Alba thar sia raointean, feartan agus maoinen (às-bhathar, in-bheisteach, turasachd, riaghladh, daoine agus cultar)	Suirbhidh cruinnichte Alba Chruthachail
Àrdachadh sàsachd luchd-tagraidh	19.	% de thagraichean maoineachaidh don deach faighneachd ag aithris gu dheimhinneach mu eadar-obrachadh le Alba Chruthachail	Suirbhidh Luchd-tagraidh Alba Chruthachail
Cùm sàsachd luchd-tagraidh le làrach-lìn Alba Chruthachail	20.	% de thagraichean maoineachaidh don deach faighneachd ag aithris gun robh gach pàirt dhen làrach-lìn math no sàr-mhath	Suirbhidh Luchd-tagraidh Alba Chruthachail
90% air a' char as lugha de thagraidhean maoineachaidh air dèiligeadh riutha taobh a-staigh na h-ùine fhoillsichte	21.	% de thagraichean ris an deach dèiligeadh taobh a-staigh na h-ùine aontaichte	Dàta maoineachadh gnìomha Alba Chruthachail
90% air a' char as lugha de chiad phàighidhean air an dèanamh taobh a-staigh na h-ùine fhoillsichte	22.	% dhe na pàighidhean duaise a chaidh a dhèanamh taobh a-staigh 10 latha an dèidh iomlaid chùmhnantan	Dàta maoineachadh gnìomha Alba Chruthachail
90% air a' char as lugha de dh'fhàirdealan air am pàigheadh taobh a-staigh na h-ùine fhoillsichte	23.	% de dh'fhàirdealan iomchaidh pàighte taobh a-staigh 10 latha	Dàta maoineachadh gnìomha Alba Chruthachail
Àrdachadh ann am farsaingeachd maoineachaidh dha na h-ealainean, gnìomhachasan sgrìon agus cruthachail a chaidh faighinn tro chom-pàirtichean ro-innleachdail Alba Chruthachail	24.	Luach agus tùs cothroman maoineachaidh a bharrachd anns na h-ealainean, gnìomhachasan sgrìon agus cruthachail air an stèidheachadh mar thoradh air com-pàirteachasan Alba Chruthachail	Dàta maoineachadh gnìomha Alba Chruthachail
Cùm ìrean àrda sàsachd agus dèiligeadh le cùisean feòrachaidh	25.	% sàsachd le seirbheisean feòrachaidh	Suirbhidh Luchd-tagraidh Alba Chruthachail
Àrdachadh a thoirt air ìrean dol an sàs agus sàsachd luchd-obrach	26.	% de luchd-obrach a tha ag aontachadh gur e deagh àite airson obair ann a tha ann an Alba Chruthachail	Suirbhidh Luchd-obrach Alba Chruthachail



ALBA | CHRUTHACHAIL

Waverley Gate
2-4 Waterloo Place
Edinburgh EH1 3EG
Scotland UK

The Lighthouse
Mitchell Lane
Glasgow G1 3NU
Scotland UK

enquiries@creativescotland.com

www.creativescotland.com

[@creativescots](https://twitter.com/creativescots)

July 2022